

AN CLÀR-INNSE

RO-RÀDH	3
AN SUIDHEACHADH	3
AN SUIDHEACHADH LÀTHAIREACH	5
AN T-ÀM RI TEACHD	6
AN RO-INNLEACHD	6
1. LEASACHADH EALANTA	7
2. LEASACHADH LUCHD-AMAIS	7
3. LEASACHADH CÀNAIN	8
4. LEASACHADH BUNEAGAIR	10
CO-DHÙNADH	11
PLANA EALAIN GHÀIDHLIG NA H-ALBA – AN SUIDHEACHADH ÙR RO-INNLEACHDAIL	12
RO-INNLEACHD NÀISEANTA EALAIN NA GÀIDHLIG	14
LÈIRSINN	14
TARGAIDEAN	14
ROINN GNÌOMH 1: TOGAIL CÀNAIN	15
ROINN GNÌOMHA 2: CLEACHDADH CÀNAIN	16
ROINN GNÌOMHA 3: ÌNBHE CÀNAIN	21
ROINN GNÌOMHA 4: MEUDACHD CÀNAIN	24
RO-INNLEACHD NÀISEANTA EALAIN NA GÀIDHLIG 2008-12 - IOMRAIDHEAN	26

Ro-ràdh

San Ògmhios 2006 choinnich Comhairle Ealain na h-Alba (SAC), Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (HIE) agus Bòrd na Gàidhlig (BNG) ri Pròiseact nan Ealan (PNE) agus ri Fòram Ro-innleachdail nan Ealan Gàidhlig (GASD) airson beachdachadh air dreach Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2007-2012. Ri linn a' phrìomh àite a th' aig ealain is cultar na Gàidhlig ann an leasachadh cànan na Gàidhlig chaidh aontachadh gum bu chòir Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealan Gàidhlig a dheasachadh airson a dhol an cois Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Dheasaicheadh PNE agus GASD pàipear na ro-innleachd ann an co-chomhairle ri BNG, SAC agus HIE, a chuireadh aonta ris is a bheireadh co-thaic dha mar phrìomh bhuidhnean-seilbhe ann an leasachadh nan ealan Gàidhlig. Dheigheadh an ro-innleachd a dhearbhadh aig co-labhairt de na h-ealain Ghàidhlig a bhathas dol a chumail aig a' Chàisg 2007 agus a' dol a chur an gnìomh bho 2008.

'S e aon de phrìomh fheartan Achd na Gàidhlig 2005 an dleastanas a th' air a chur air BNG airson Plana Nàiseanta Gàidhlig a chur gu Ministearan na h-Alba, taobh a-staigh 12 mìos bho thòiseachadh earrainn 2 den Achd. Tha Earrann 2 de Achd 2005 ag iarraidh gum bi molaidhean sa Phlana air mar a thèid ro-innleachdan airson adhartachadh is buileachadh cleachdadh is tuigse na Gàidhlig, foghlam is cultar na Gàidhlig a ghabhail os làimh. Thathas mu thràth air Ro-innleachd Nàiseanta Foghlam na Gàidhlig aontachadh agus 's e an ro-innleachd a th' air a mholadh airson an taobh cultarach dheth a thoirt air adhart a tha anns na leanas. 'S e seo Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealan Gàidhlig.

Tha an Ro-innleachd seo a' toirt stiùireadh ro-innleachdail mu leasachadh nan ealan Gàidhlig ann an Alba. Tha e a' suidheachadh prògram leasachaidh cuimseach a tha an urra ri taic bho Mhinistearan na h-Alba, ùghdarrasan ionadail, Comhairle Ealain na h-Alba, HIE agus buidhnean ealain, Gàidhlig is eile, a thuilleadh air taic bho BNG.

An Suidheachadh

Cha ghabh an abairt Bheurla, "Highlands and Islands", eadar-theangachadh gu litireil ann an Gàidhlig. 'S i 'a' *Ghàidhealtachd*, tìr nan Gàidheal no tìr na Gàidhlig. Thathas a' cleachdadh an aon fhacal cuideachd airson nan Gàidheal mar shluagh, a' gabhail a-steach nan Gàidheal sgapte air feadh an t-saoghail. Mar sin faodadh dà chiall gu math eadar-dhealaichte a bhith aig an fhacal, *Gàidhealtachd* – mar 50% de dh'fhearann Alba no 1% den t-sluagh - a rèir na co-theacsa. Tha co-theacsa chultarach na Gàidhlig a cheart cho eadar-dhealaichte bho co-theacsa a' chànan.

Mar as trice thathas a' beachdachadh air cànan na Gàidhlig co-cheangailte ri figearan bho chunntas-sluaigh a dh'fhoillsich ann an in 2001, gu robh 58,652 neach ann an Alba a bhruidhneadh Gàidhlig agus 26,722 a bharrachd le eòlas air choreigin air a' chànan. Tha seo a' foillseachadh fìorachd gluasad a' chànan mar fhàs no chrìonadh mall tro speactram bho fhileantachd gu corra fhacal.

Ach co-cheangailte ri cultar na Gàidhlig, tha an speactram seo a' leudachadh air adhart gu mòr agus a' gabhail a-steach tòrr a bharrachd de shluagh na h-Alba, nach eil nan luchd-labhairt na Gàidhlig, 's dòcha, ach a tha, airson adhbhar air choreigin a' faicinn na Gàidhlig mar chlach-oisinn ionannachd chultarach na h-Alba. Mar eisimpleir, tha Gàidhlig na h-Alba no na h-Èireann ann an eachdraidh teaghlach còrr air 50% de mhuintir Ghlaschu. Tha a' choimhearsnachd leudaichte chultarach seo nan luchd-taghaidh cudromach agus nan sluagh falaichte agus bidh an taic fìor chudromach co-cheangailte ri soirbheachadh ann an leasachadh na Gàidhlig.

A thuilleadh air an luach chruthachail, phearsanta is chultarach tha an h-ealain Ghàidhlig an dà chuid nan eadar-aghaidh is nan drochaid eadar coimhearsnachd na Gàidhlig agus an t-saoghal a-muigh. Taobh a-staigh suidheachadh na Gàidhlig tha na h-ealain ag àrdachadh beòthalachd cànan na Gàidhlig, inbhe is cliù san dachaigh, àit'-obrach, sna sgoiltean, sa choimhearsnachd agus sna meadhanan. Tha iad buntainneach dha cha mhòr gach nì a th' ann an Roinnean Gnìomha Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Dhan t-saoghal neo-Ghàidhlig, tha na h-ealain Ghàidhlig a' togail mothachadh agus a' tabhann slighe in-ghabhalach is bhuannachdail gu cultar na Gàidhlig tro òrain, ceòl, bàrdachd, dràma, danns, fèisean, fèilltean, taisbeanaidhean, telebhisean agus na nuadh-mheadhanan. Tha na h-ealain ag obrachadh mu thràth mar adhartaichean cumhachdach cànan is cultar na Gàidhlig ach's e a' phrìomh dhùbhlán an ceangal eadar obair ealain is togail is cleachdadh cànan is a rannsachadh is a leasachadh.

Tha dealas nochte aig luchd-ealain Ghàidhlig, coimhearsnachd nan ealan Gàidhlig agus aig an ro-innleachd seo airson dleastanas nan ealan a thaobh leasachadh na Gàidhlig. Tha na h-ealain Ghàidhlig air fèistean, brosnachadh is seasmhachd a thoirt dha coimhearsnachd na Gàidhlig airson linntean agus air prìomh phàirt a gabhail ann am maireannachd na Gàidhlig. Tha na h-ealain a-nis aig cridhe leasachadh na Gàidhlig.

Tha coimhearsnachd na Gàidhlig a' gabhail ris a' bheachd seo mar a chithear bhon phrìomh sgrùdadh de 1,200 freagairt anns na h-Eileanan Siar agus san Eilean Sgitheanach is Loch Aillse a rinn Oilthigh Chaledonian Ghlaschu ann an 2006. Tha 80% de na fhreagair a' meas leasachadh ann an obair nan ealan Gàidhlig "deatamach" a thaobh maireannachd cànan na Gàidhlig. Tha 77% a' meas gu bheil cothrom air obair ealain na Gàidhlig na prìomh bhrosnachadh dha daoine òga gus an sgilean cànan ionnsachadh no a leasachadh agus tha còrr air 70% a' creidsinn gu bheil ealain is cultar na Gàidhlig "deatamach" a thaobh leasachadh eaconamach na sgìre. (Suas bho 59% ann an 1996).

Tha an sgrùdadh seo cuideachd a' daingneachadh gu bheil na h-ealain Ghàidhlig nan atharrachaiche-bheachdan le 33% de na fhreagair ag ràdh gu bheil na h-ealain a' brosnachadh gluasadan dòchasach co-cheangailte ri foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Tha an àireamh dhaoine tha dol an sàs ann an obair-ealain ann an coimhearsnachd na Gàidhlig nas àirde nan cuibheas nàiseanta agus a' sìor fhàs agus tha an ìre àrd seo de

ghnìomhachadh ealain in-ghabhalach gu sòisealta. ‘S e factainneachd am prìomh dhuilgheadas.

An suidheachadh làthaireach

Thar nam bliadhnachan mu dheireadh tha na h-ealain Ghàidhlig air a bhith air leth soirbheachail. Tha an gluasad co-cheangailte ri Fèisean a’ leantainn a’ fàs le 42 fèis coimhearsnachd a’ taladh 3,796 de dhaoine òga air feadh Alba ann an 2006 agus 1,423 oileanaich a’ dol a ghabhail pàirt ann an gnìomhan oideachaidh tron bhliadhna. Tha Iomairt Ciùil na h-Òigridh aig *Fèisean Nan Gàidheal* a’ ruighinn air 5,000 sgoilear eile is a’ cruthachadh talamh torrach airson fogharan Gàidhealach eile. Tha am blàth seo de thàlant chiùil Ghàidhlig air a bhith na phrìomh bhrosnachadh san ath-bheothachadh a thàinig air ceòl traidiseanta na h-Alba o chionn ghoirid. ‘S e *Am Mòd Nàiseanta* fhathast aon de phrìomh thachartasan na h-Alba fhad ‘s a tha fèisean ùra leithid *Celtic Connections*, *Ceòlas*, *Blas* agus *Fèis Cheilteach Innse Gall* a’ tàladh luchd-èisteachd ùr bho air feadh an t-saoghail.

Tha dualchas beul-aithris na Gàidhlig, ‘s dòcha as aosta is as beartiche san Roinn Eòrpa, ga thoirt am follais a-rithist tro obair eadar-ghinealach Pròiseact nan Sgeulachd, agus ga leudachadh gun t-saoghal mhòr tro aithris sgeulachdan le saidealan-cruinne. Tha *An Lanntair* ùr a chosg £5m na phàirt de lionra ùr de dh’ionadan ealain Innse Gallach leithid *Taigh Chearsabhaigh*, far a bheil obair-ealain an latha an-diugh a’ suidhe gu cofhurtail taobh ri taobh ri obair *Comunn Eachdraidh* na sgìre. Tha sruth de sgrìobhadh Gàidhlig air nochdadh bho iomairt *Ùr Sgeul* Comhairle nan Leabhraichean agus tha a’ chompanaidh dràma, *Meanbh-Chuileag* a’ toirt dràma gu àireamh fhàsail de sgoiltean is coimhearsnachdan gach bliadhna.

Tha an iomairt *Colmcille* air ceanglaichean ùra fhosgladh le Èirinn agus tha *An Lochran* a’ libhrigeadh seirbheisean ùra inntinneach ann am baile Ghlaschu. Tha taisbeanadh *An Leabhair Mhòir* air a dhol air chuairt gu 50 àite ann an còig dùthchannan le trì bliadhna eile de chuirtean ann an Ameireaga a Tuath air dearbhachadh fhaighinn agus thug *Opara Hiort* còrr air £1 millean de thasgadh Eòrpach agus cliù eadar-nàiseanta a-steach.

Tha an raon farsaing de dhuaisean eadar-nàiseanta agus an inbhe ‘Foundation-Funded Status’ bho SAC a chaidh a bhuileachadh air grunn bhuidhnean Gàidhlig ann an 2006 a’ dearbhadh càileachd is buaidh an taisbeanaidh chruthachail seo.

Taobh ri taobh ri càileachd is obair chruthachail an luchd-ealain tha trì prìomh nithean structaireil a th’ air cur ris an t-soirbheachadh.

‘S e a’ chiad nì na cothroman adhartais, dha daoine òga is luchd-ealain, ann an oideachadh is ann an leasachadh thàlant co-cheangailte ri na h-ealain Ghàidhlig a th’ air a thighinn tro ghluasad nam fèisean, tro UHI agus RSAMD agus tro chùrsaichean *Fastrac* PNE.

‘S e buneagar cultarach ùr Gàidhlig a th’ air nochdadh mean air mhean, nì eile a th’ air cur ris an t-soirbheachadh. Tha gach aon de na buidhnean a tha liostaichte gu h-àrd – agus feadhainn eile leithid Seirbheis nam Meadhanan

Gàidhlig, Sabhal Mòr Ostaig, Colaiste Caisteal Leòdhais, An Comunn Eachdraidh, Tobar an Dualchais agus Ceòlas – air seirbheisean taice ùr cultarach a thoirt do choimhearsnachd na Gàidhlig agus air na h-ealain Ghàidhlig a libhrigeadh gu luchd-èisteachd ùr ann an iomadh dòigh.

‘S e an treas nì, na ceanglaichean ùra a th’ air an togail an dà chuid, taobh a-staigh is taobh a-muigh roinn nan ealan Gàidhlig agus an co-obrachadh a dh’fhaodas seo a chruthachadh. Tha fòram GASD air ìre àrd de cho-aontachd is de cho-obrachadh a choileanadh eadar buidhnean ealain Gàidhlig agus thathas cuideachd air com-pàirteachasan làidir a thogail aig ìre nàiseanta, roinneil is ionadail le Comhairle Ealain na h-Alba, Bòrd Na Gàidhlig, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean agus le Ùghdarrasan Ionadail. Tha na com-pàirtichean sin air comasachd nan ealan Gàidhlig ann an leasachadh cruthachail, oideachail is eaconamach fhosgladh a-mach is a dhearbhadh.

An t-Àm ri Teachd

An Ro-innleachd

Tha Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealan Gàidhlig a’ comharrachadh ceithir iallan gnìomhachd a tha eadar-ghnìomhach agus co-dhaingneachail. Tha a’ chiad trì gnèitheach agus a’ toirt stiùireadh do luchd-poileasaidh, luchd-maoineachaidh, riaghaltas nàiseanta is ionadail, coimhearsnachdan, buidhnean ealain agus buidhnean eile mu phrìomh roinnean feumalachd is cothroman. Bidh an ceathramh iall–Buneagar– a’ moladh clàr-gnothaich leasachaidh a chruthaicheas na prìomh sheirbheisean taice is na siostaman libhrigidh a tha riatanach ma tha sinn dol a dhèiligeadh ri na feumalachdan is na cothroman sin.

- 1. Leasachadh ealanta**
- 2. Leasachadh luchd-amais**
- 3. Leasachadh cànan na Gàidhlig**
- 4. Leasachadh buneagair**

1. Leasachadh Ealanta

Tha an t-àradh ùr chothroman dha daoine òga is luchd-ealain co-cheangailte ri oideachadh sna h-ealain Ghàidhlig – bho na Fèisean air adhart gu UHI, RSAMD agus cùrsaichean Fastrac Pròiseact nan Ealan – air a bhith cudromach ann an leasachadh nan ealan Gàidhlig o chionn ghoirid.

Tha e air fosgladh ruigsinneachd gu leasachadh sgilean bho ìrean inntigidh gu ìrean proifeiseanta agus air cearcall beusach a chruthachadh, le oileanaich bho fhèisean a' tilleadh nan tuitearan fèise agus a' teagaisg sna sgoiltean a thuilleadh air a bhith a' leasachadh dhreuchdan phroifeiseanta. Bidh e na dhùbhlán dùbailte a bhith a' leudachadh nan cothroman leasachaidh aig bonn inntigidh an àraidh agus cuideachd a' dèiligeadh ris an leasachadh proifeiseanta agus ri na rongan ealain a tha a dhìth aig a' mhullach. Cuiridh seo feum air ceanglaichean nas làidire eadar na h-ealain Ghàidhlig agus na roinnean foghlaim agus taic dhan luchd-ealain proifeiseanta a tha nan luchd-labhairt is nan teachdairean dha cultar na Gàidhlig. Tha an dà roinn sin eadar-ghnìomhach agus co-dhaingneachail fhad's a tha foghlam a' tabhann cosnadh dha luchd-ealain agus a' gintinn luchd-amais ri teachd tha luchd-ealain soirbheachail nan eisimpleirean Gàidhlig airson luchd-ealain òg a bhrosnachadh. Tha solarachd leantainneach de thàlant ealain Ghàidhlig le obair Ghàidhlig de shàr chàileachd riatanach ma tha sinn dol a choinneachadh ris an iarrtas fhàsail a th' ann airson tachartasan ealain, subsaint, stuthan is goireasan nam meadhanan ann an Gàidhlig.

Leudaichidh an ro-innleachd an t-àradh chothroman a th' ann airson drochaid chudromach a thogail eadar ceuman leasachaidh sgilean luchd-ealain bhon choimhearsnachd gun t-saoghal mhalairteach. i.e.

- A' chiad bhrosnachadh
- Oideachadh tràth
- Leasachadh pearsanta
- Ionnsachadh fad-beatha
- Oideachadh adhartach
- Leasachadh proifeiseanta
- Leasachadh malairteach
- Teachdairean

2. Leasachadh Luchd-amais

Tha a bhith a' rannsachadh is a' leasachadh luchd-amais is margaidean ùra dha na h-ealain Ghàidhlig is dha bathar ealain Gàidhlig a thaobh àrd-ùrlaran, dhuilleagan, scrionaichean is nuadh-mheadhanan na phrìomh dhleastanas dha na h-ealain Ghàidhlig.. i.e.

- Dachaigh

- Ionadail
- Roinneil
- Nàiseanta
- Eadar-nàiseanta

Rè beatha na ro-innleachd seo thèid Ro-innleachdan airson Leasachadh Luchd-amais aig GASD agus aig An Lòchran a bhuileachadh is a mheas. Gabhaidh seo a-steach a bhith a' cur taic ri prògram de rannsachadh leantainneach mu nàdar, feumalachdan agus rùintean luchd-amais nan ealan Gàidhlig, a th' ann agus ris a bheil dùil, ann an àiteachan dùthchail is bailteil.

3. Leasachadh Cànan

'S e a' phrìomh amas àite nan ealan Gàidhlig a shoilleireachadh – agus dleastanasan luchd-leasachaidh is solaraidhean nan Ealan Gàidhlig – ann am Plana Nàiseanta Cànan na Gàidhlig.

Dha na ginealaichean a bh' ann roimhe, bha cànan na Gàidhlig neo-fhaicsinneach gu poiltigeach, gun dreuchd sam bith ann am beatha phoblach na h-Alba taobh a-muigh na h-eaglaise. Bha i a' soirbheachadh, ge-tà, anns an dachaigh is sa choimhearsnachd far a bheil i a-nise a' lagachadh fo bhuidh saoghail a tha a' sìor atharrachadh is fo smachd nam meadhanan. Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig a' dèanamh cinnteach gum bi làthaireachd ùr phoblach aig a' chànan ach tha feum air dòigh ùr nas co-òrdanaichte co-cheangailte ri ealain coimhearsnachd agus tha feum cuideachd air taic airson cultar is leasachadh cànan ma tha a' Ghàidhlig gu bhith tèarainte mar chànan na dachaigh is na coimhearsnachd.

Tha prìomh phàirt aig na h-ealain Ghàidhlig ri ghabhail ann am Frèam Planaidh Cànan na Gàidhlig co-cheangailte ri ionnsachadh, cleachdadh, comharrachadh is leasachadh cànan, ealain, cultar is coimhearsnachd na Gàidhlig.

Daingnichidh an Ro-innleachd a thathas a' moladh airson nan Ealan Gàidhlig Roinnean Gnìomha Bòrd na Gàidhlig air fad, co-cheangailte ri beòthalachd, inbhe, foghlam, cultar is conaltraidhean na Gàidhlig, le luach riatanach cruthachail is ath-nuadhachail a bharrachd.

Tha na h-ealain Ghàidhlig a' cur gu gnìomhach ris a' chuid mhòr de na raointean comharraichte sa Phlana Nàiseanta, a' gabhail a-steach dachaigh, coimhearsnachd, cliù, mothachadh, goireasan, ionnsachadh fad-beatha, dualchas, cur-seachad agus conaltraidhean co-cheangailte ri foillseachadh, craoladh is na meadhanan.

Tha buannachdan na Gàidhlig dearbhte le rannsachadh Sproull & Chalmers 2006 (comharraichte gu h-àrd) agus le aithisg 2005 RSAMD mu bhuidh gluasad nam Fèisean far a tug 76% de chom-pàirtichean na Fèis cunntas gun robh fìor bhuidh làidir aig an Fhèis airson am brosnachadh gus Gàidhlig ionnsachadh.

Tha roinn nan ealan Gàidhlig gu gnìomhach an sàs le prìomhachasan comharraichte Bòrd na Gàidhlig co-cheangailte ri buidhnean na roinne

poblaiche leithid prìomh Ùghdarrasan Ionadail, Lìonra HIE agus SAC. Tha an suidheachadh seo aig caochladh inbhean bho ro-innleachd gu gnìomhachd. Tha eisimpleirean ro-innleachdail a' gabhail a-steach Plana Gàidhlig nan Eilean Siar, Ro-innleachd Comhairle Baile Ghlaschu, Co-chòrdadh Fèis Gàidhealtachd 2007, Obairlann Astair HIE agus Poileasaidh nan Ealan Gàidhlig aig SAC. Tha eisimpleirean gnìomhachail a' gabhail a-steach co-obrachadh ionadail air Fèisean, Mòdan, Sgeulachdan, ionadan ealain, iomairtean turasachd, obair sgoiltean agus mòran de ghnìomhan eile sna h-ealain Ghàidhlig.

Meudaichidh Plana Nàiseanta na Gàidhlig an fheum a bhios ann airson eadar-cheanglaichean is com-pàirtichean. Air sgàth na prìomh dreuchd a th' aca ann am foghlam is leasachadh coimhearsnachd bidh pàirt chudromach aig prìomh Ùghdarrasan Ionadail nan Eilean Siar, na Gàidhealtachd, Earra-Ghàidheil is Bhòid agus bailtean Ghlaschu is Dhùn Èideann ri ghabhail ann a bhith a' tàladh daoine òga. Tha na h-ealain Ghàidhlig a' tabhann seirbheisean taice luachmhor dha Ùghdarrasan Ionadail a tha a' feuchainn ri dèiligeadh ri an dleastanasan ùra a thaobh na Gàidhlig agus bu chòir dòigh-obrach ro-innleachdail, a shoilleiricheas dreuchdan agus a thogas ceanglaichean ùra, a chur an gnìomh.

4. Leasachadh buneagair

Tha a' bhuneagar ùr chultarach Ghàidhlig a th' air nochdadh beag air bheag air seirbheisean taice ùra a thoirt gu coimhearsnachd na Gàidhlig agus air na h-ealain Ghàidhlig a thoirt gu luchd-amais ùr ann an dòighean ùra. Tha seo air tabhartas cudromach a thoirt gu eaconamaidh chultarach na Gàidhealtachd is nan Eilean co-cheangailte ri cruthachadh obraichean, tasgadh a-staigh, leasachadh ghnìomhachasan cruthachail agus turasachd a thuilleadh air a bhith ag àrdachadh càileachd na beatha sa choimhearsnachd. Tha aithisg Westbrook a' sealltainn gu bheil Fèisean nan Gàidheal air 58 dreuchdan FTE a chruthachadh agus gum faodadh an àireamh seo èirigh gu 89 ann an 2009. Tha iomairt Leasachadh Luchd-amais GASD an sàs anns an deasachadh a tha riatanach gus an tèid na h-ealain Ghàidhlig a mhargaideachadh gu ro-innleachdail agus an adhartachadh aig inbhe ionadal, nàiseanta is eadar-nàiseanta ach bidh a' bhuneagar thùsail seo a' cur feum air tuilleadh daingneachaidh ma tha na h-ealain Ghàidhlig dol a choileanadh an làn chomasachd a thaobh leasachaidh luchd-amais.

Bheir an ro-innleachd ùr taic agus togaidh i air a' bhuneagar chultarach a th' ann mu thràth airson seirbheisean ùra, a tha èifeachdach, buadhach is seasmhach, a dhearbhadh is a stèidheachadh. Thathas ag amas air siostaman taic ùra a thoirt dha luchd-ealain is dha luchd-amais, a dhaingnicheas, a bhrosnaicheas is a bheir togradh dha coimhearsnachd na Gàidhlig, a dh'fhosglaas a-mach gu luchd-amais ùr agus a nì leasachadh a bharrachd air eaconamaidh chultarach na Gàidhlig.

'S e a' chiad chomharra soirbheachais ann a bhith a' coileanadh amasan na ro-innleachd seo an ìre de cho-obrachadh tar-roinne a bhios ann, an co-obrachadh is an t-soilleireachd dhreuchdan a gheibhear eadar prìomh bhuidhnean, ghnìomhadairean is solaraichean a tha an sàs anns na h-ealain Ghàidhlig, am foghlam, sna meadhanan, an dualchas, turasachd, is an leasachadh eaconamach is coimhearsnachd. 'S e an dara nì an ìre de thasgadh mhaoineachaidh a gheibhear, chan ann a-mhàin bho thùsan Gàidhlig, ach cuideachd bho na h-ealain chumanta is chultarach agus bho bhuidseatan na roinne prìobhaitiche is poblaiche.

'S e rannsachadh fianaiseachail, gnìomhachail a chomharraicheas feumalachdan, soilleireachadh a dh'obraicheas agus a bheir cothrom air seirbheisean ùra is seasmhach bu chòir a bhith san fheallsanachd.

Co-dhùnadh

'S e roinn in-ghabhalach a tha a' sìor fhàs am broinn ealain is cultar na h-Alba a th' anns na h-ealain Ghàidhlig. Chan eil iad tuilleadh air an cur air leth ach air am faicinn mar bhuidheann a th' aig a' cheart àm traidiseanta is co-aimsireil, dùthchail is bailteach, coimhearsnachdail is malairteach, buntainneach dha daoine òg is sean, ruigsinneach dha Gàidheil is Goill, agus a' tàladh luchd-amais ùr aig an taigh is thall thairis. Tha ealain Ghàidhlig is luchd-ealain a-nis a' dèanamh chuirtean air feadh an t-saoghail agus tha na ceanglaichean ùra eadar-nàiseanta sin a' fosgladh mhargaidean ùra airson cuairtean eile san àm ri teachd, malairt-d agus ceanglaichean nuadh-mheadhanan le Albannaich sgapte an t-saoghail. Tha an ìre ùr seo de cho-cheanglaichean eadar-nàiseanta cuideachd a' toirt cothrom air leasan luachmhor ionnsachadh bho leasachaidhean ro-innleachdail ann an àiteachan eile leithid Poileasaidh adhartach Traidiseanta nan Ealan aig Comhairle Ealain Èirinn a thug am buidseat ciùil aca bho €900K ann an 2004 gu €4.8 millean ann an 2008.

Thig cothroman ùra an làthair leis an t-seirbheis ùir dhidseataich a tha gu bhith air a cur air bhog a dh'aithghearr le Seirbheis nam Meadhanan Ghàidhlig is leis a' BhBC; an t-seirbheis ùr telebhisean coimhearsnachd, Hebrides TV; UHI agus àrainn ealain ùr Sabhal Mòr Ostaig agus molaidhean airson Acadamaidh Fèise. Tha leasachadh air telebhisean, eadar-lìon agus nuadh-mheadhanan nam prìomhachas sònraichte dha na h-ealain Ghàidhlig far a bheil eachdraidh làidir de cho-obrachadh tar-mheadhanach le Seirbheis nam Meadhanan Ghàidhlig, leis a' BhBC agus le MIT ann am Boston. Cruthaichidh seo cothroman ùra dha na h-ealain Ghàidhlig is co-obrachadh nam meadhanan co-shìnte ri Alba Chruthachail is Tobar an Dualchais. Fosglaidh e cuideachd cruthan ùra de dh'ealain Ghàidhlig is ceanglaichean foghlaim a bhios co-bhuannachdail agus a dhaingnicheas eaconamaidh chultarach na Gàidhlig.

Tha frèam eas-chruthachail Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealan Ghàidhlig a' gabhail a-steach uile chruthan ealain, traidiseanta is co-aimsireil, agus a' dèiligeadh ri feumalachdan Luchd-ealain, Luchd-amais, Buneagair is Dealbhadh Cànan. Dha luchd-ealain tha e a' moladh àradh chothroman a tha freumhaichte sa choimhearsnachd Ghàidhlig fhad's a tha e a' sireadh àirdean mòra. Dha luchd-amais, tha e a' moladh ruigsinneachd reusanta, in-ghabhalach. Daingnichidh e buneagar cultarach na Gàidhlig agus eaconamaidh chultarach na h-Alba agus tha e ag amas air stèidh taice na Gàidhlig a leudachadh tro na h-ealain Ghàidhlig. Nì e seo tro leasachadh tàlant, tro leasachadh mhargaidean is sheirbheisean ùra agus le bhith a' neartachadh nan seirbheisean a th' ann a-cheana. Adhartaichidh e a' Ghàidhlig mar ghoireas sònraichte Albannach a tha a' comharrachadh ionannachd, iomadachd chruthachail is chultarach aig ìre ionadail, nàiseanta is eadar-nàiseanta.

Tha Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealan Ghàidhlig co-chòrdail ri clàran-ghnothaich ionadail, nàiseanta is eadar-nàiseanta nam buidhnean sin is buidhnean poblach eile. 'S e aon de na duilgheadasan a th' air a bhith ann co-cheangailte ri leasachadh cultarach Gàidhlig, ged a tha leasachadh na

Gàidhlig air gabhail ri dòigh-obrachaidh a tha iomlan, gu bheil prìomh bhuidhnean cultarach an riaghaltas air a bhith ag obrachadh taobh a-staigh cuingealachaidhean an t-saoghail ealain fhèin, le buidhnean fa leth leithid Comhairle Ealain na h-Alba agus Scottish Screen is gun ceangal cruaidh sam bith no poileasaidh co-ionann aca.

Tha Alba Chruthachail, aig a bheil raon-dleistanais fada nas leatha na bh' aig an dà bhuidheann sin còmhla, a' dol a ghabhail a-null bhon dà bhuidheann sin. Tha an raon-dleistanais seo minichte gu reachdail mar dhleistanas nach eil a-mhàin airson ealain is gnìomhachasan cruthachail ach airson nan ealan is a' chultair gu h-iomlan, thar raon nas leatha de dh'ùidhean is ghnìomhachd.

Ged a tha farsaingeachd den t-seòrsa sin dha Alba Chruthachail a' toirt cunnart gum faodadh goireasan a bhith air an tanachadh, aig ìre eas-chruthachail tha cothrom a-nis aig saoghal leasachaidh nan ealan Gàidhlig a bhith a' co-obrachadh le buidheann aig a bheil raon ghnìomh co-ionann ri farsaingeachd nan ealan a th' ann an co-theacsa Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

Mar sin bidh e na prìomh uallach dèanamh cinnteach gu bheil modh-leasachaidh poileasaidh Alba Chruthachail mothachail mu chudromachd dheatamach nan ealan ann a bhith ag adhartachadh cùisean iomlan na Gàidhlig co-cheangailte ri a prìomhachasan maoinachaidh is leasachaidh.

Plana Ealain Ghàidhlig na h-Alba – An Suidheachadh Ùr Ro-innleachdail

Tha Bile Alba Chruthachail (2008) a tha an-dràsta a' dèanamh a shlighe tron phàrlamaid a' suidheachadh raon-dleistanais na buidhne ùire, Alba Chruthachail, mar “na h-Ealain is Cultar”. Chan eil am bile, no na notaichean fiosrachaidh a tha na chois a' mìneachadh dè a tha an abairt, “na h-Ealain is Cultar” a' gabhail a-steach. Chan e dìreach rud gun chudromachd a tha seo. Tha e de chudromachd bhunaiteach dha na h-uile a tha a' strì airson cultar na Gàidhlig ann an Alba a dhion is a neartachadh san 21mh linn.

Tha e air a bhith na dhùbhlán mhòr dhan fheadhainn a th' air a bhith an sàs ann an leasachadh cultar na Gàidhlig gu bheil, gu tric, feumalachdan is prìomhachasan na Gàidhealtachd fo cheannsail agus am broinn na prìomh sholarachd. 'S e an t-atharrachadh as motha san t-suidheachadh seo eadar prìomh is ìochdrach, nach eil cultar Albannach/Beurla na h-Alba, mar a tha cànan is cultar na Gàidhlig, ann an cunnart a bhith air an cur a-mach à bith nan dùthaich fhèin. Cha leig poileasaidhean a tha ag obrachadh aig an ìre seo a leas freagairt a thoirt dha reachdan mu chunnart bho mhùchadh cultarach. San aon dòigh, cha bhàsaich cànan nan cultaran as ùire a thàinig a dh' Alba, mar eisimpleir, Hindi, no Urdu, ged nach bitear gam bruidhinn ann an Alba, ach chan urrainnear an aon nì a ràdh mun Ghàidhlig le misneachd mhòr sam bith. Tha, mar sin, an suidheachadh àraid a tha mu choinneamh na Gàidhlig, 's dòcha, sònraichte taobh a-staigh beatha chultarach na Gàidhlig, agus mar sin, taobh a-staigh na h-ionannachd nàiseanta.

Mar sin, tha na feartan sin co-cheangailte ri dualchas is cultar na Gàidhlig ann an ealain ìochdrach nam prìomh phoileasaidhean cultarach a tha os cionn roinnean leithid a' chiùil no litreachas. Tha an dòigh-obrachaidh fiarach,

ìochdrach seo air cultar na Gàidhlig fhàgail gun cheartas seach nach eil samhla sam bith eadar suidheachadh iomlan a' chultair a tha deatamach do leasachadh na Gàidhlig agus beachdan eadar-mheasgte diofar bhuidhnean cultarach, a tha a' frithealadh air roinnean sònraichte ann an leasachadh filme, dualchais, nan ealan is na coimhearsanachd.

Ann am facal, cha d' fhuair roinn leasachaidh cultar na Gàidhlig cead air a prìomhachasan a mhìneachadh na cùmhnantan fhèin agus air sgàth sin cha d' fhuair i na goireasan a tha a dh'ìth oirre sna cruthan as freagarraiche dha feumalachdan airson a h-amasan leasachaidh adhartachadh.

Mar sin, tha Alba Chruthachail le raon-dleistanais a thèid thairis air cuibhreachdan SAC agus Scottish Screen, a' tabhann cothrom sònraichte dhan Ghàidhlig a bhith a' co-obrachadh le buidheann a dh'fhoillsicheas an ùidhean ann an dòigh nas èifeachdaiche.

Ach tha e cuideachd cudromach gun tèid Ro-innleachd ùr Nàiseanta nan Ealan Gàidhlig a chur am broinn suidheachadh farsaing Ro-innleachd Eaconamach Riaghaltas na h-Alba (GES) a chaidh a dheasachadh ann an 2007. Tha seo gu sònraichte cudromach seach gu bheil Aithisg na Comataidh Gnìomhaiche aig Alba Chruthachail a' moladh nan dreuchdan a leanas.

Bidh Alba Chruthachail na buidheann leasachaidh ealanta is ro-innleachdail le sealladh farsaing thar nan ealan is nan gnìomhachasan cruthachail. Libhrigidh Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais (Albannach) air Ghàidhealtachd is anns na h-Eileanan, a' dèanamh cinnteach gun tèid gnìomhachasan cruthachail fàsail agus roinn chruthachail thorrach a chruthachadh. Tha e a' suidheachadh 5 prìomhachasan ro-innleachdail airson fàs eaconamach seasmach a libhrigeadh,

- Ionnsachadh, Sgilean is Maitheas
- Àrainneachd Ghnothachais Thaiceil
- Leasachadh Buneagair is Àite
- Riaghaltas Èifeachdach
- Cothromachd

Tha Ro-innleachd ùr Nàiseanta nan Ealan Gàidhlig a' freagairt gu math air na modhan-leasachaidh co-cheangailte ri ionnsachadh, sgilean is maitheas a tha minichte san ro-innleachd. Tha seo gu sònraichte fìor mu mar a tha e a' buntainn ri bhith a' cruthachadh shuidheachaidhean far an urrainn dha daoine tàlantach a bhith a' còmhnaidh, ag obair is a' fuireach ann an Alba.

Tha e cuideachd co-cheangailte ri dòighean-dèiligidh Cothromachd far a bheil dòigh-obrachaidh na Gàidhlig co-cheangailte ri ealain coimhearsnachd a' sireadh chothroman – agus brosnachadh – dha na h-uile airson cur ri fàs eaconamach seasmhach na h-Alba agus airson prìomhachas nas motha a thoirt dha bhith ag adhartachadh fàs nas cothromaiche thar Alba agus a bhith ag adhartachadh fàs eaconamach is càileachd is cùram mar nithean a tha co-adhartach.

Ro-innleachd Nàiseanta Ealain na Gàidhlig

Lèirsinn

'S i lèirsinn chunbhalach Plana Nàiseanta na Gàidhlig a bhith a' cruthachadh soirbheachadh seasmhach dhan Ghàidhlig ann an Alba, far am bi an cànan a' faighinn taic bho chultar fiùghantach ann an coimhearsnachd de dhiofar chànanan. Airson Ro-innleachd nan Ealan tha an lèirsinn ag amas air na leanas:

Gum bi na h-ealain Ghàidhlig air an aithneachadh mar phrìomh iuchair ann an leasachadh na Gàidhlig agus mar phrìomh ghoireas chultarach airson ionannachd, obair chruthachail is iomadachd na Gàidhlig adhartachadh.

Tha na prìomh dhleastanasan a tha Ro-innleachd nan Ealan a' moladh a rèir nan ceithir prìomh roinnean anns a bheil dleastanas air Plana Nàiseanta na Gàidhlig airson adhartas a dhèanamh. 'S iad sin togail cànan, cleachdadh cànan, inbhe cànan is meudachd cànan.

Targaidean

Tha na h-aon thargaidean aig Ro-innleachd nan Ealan is a tha aig Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

Roinnean Gnìomha Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealan Gàidhlig

Roinn Gnìomh 1: Togail Cànan					
Prìomh Dhleastanasan	Builean	8/9	9/10	10/11	11/12
<p>1.1 Seirbheis nan Ealan ann am Foghlam</p> <p>A bhith a' rannsachadh, a' leasachadh is a' buileachadh Seirbheis ùr Ghàidhlig nan Ealan ann am Foghlam a bhios a' cur gu mòr ris an taic a tha sgoiltean a' faighinn.</p> <p>'S e a prìomh dhleastanas a bhith a' co-cheangal nan ealan is gnìomhan cultarach ann an obair curraicealaim na Gàidhlig. Bhiodh e na amas cuideachd a bhith a' togail mothachadh mun Ghàidhlig ann am foghlam àbhaisteach cànan na Beurla.</p> <p>Bidh e na prìomh dhleastanas a bhith a' barantachadh luchd-ealain is buidhnean ealain airson obair Ghàidhlig de shàr chàileachd a chruthachadh gus a thoirt air chuairt gu buidheann sgoiltean. Gabhaidh e ri prògraman is pasgain de gach cruth ealain, a' toirt a-steach dràma, sgrìobhadh òrain, sgrìobhadh cruthachail, beòthalachd filme, nuadh-mheadhanan is mòran eile. Bidh an t-seirbheis nàiseanta agus tabhainnidh i co-obrachadh, eaconamachdan sgèile agus ceanglaichean làidir ris a' churraicealam. Bidh an structair as èifeachdaiche coltach ri cùmhnantan an 'Stòrlainn' agus bidh goireasan-teagaisg Gàidhlig gam foillseachadh às leth ùghdarrasan ionadail.</p> <p>Gus coinneachadh ri feumalachdan sgoiltean tha e riatanach gun tèid an iomairt seo a leasachadh ann an dlùth dhàimh ri solaraichean foghlaim Gàidhlig agus ùghdarrasan ionadail, ris an tèid co-chomhairle a dhèanamh mun dòigh-obrachaidh as freagarraiche. Dèiligidh plana gnothachais ris an t-seirbheis seo</p>	<p>Meudachadh ann an cleachdadh is craoladh na Gàidhlig san dachaigh.</p> <p>Meudachadh san àireamh chloinne a gheibh Gàidhlig san dachaigh.</p> <p>Meudachadh anns na ghabhas Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.</p> <p>Meudachadh anns an àireamh de luchd-ionnsachaidh inheil a ruigeas fileantachd</p>	Plana	Plana	B 1	B 2

bho ìre an dealbhachaidh gu làn bhuileachaidh thairis air trì bliadhna le measadh air a ghabhail a-steach ann bhon toiseach.					
Roinn Gnìomha 2: Cleachdadh Cànan					
<p>2.1 Aithris Sgeulachdan Gàidhlig</p> <p>A bhith a' dealbhachadh, a' leasachadh is a' buileachadh Roinnleachd airson Aithris Sgeulachdan a bhios a' togail air soirbheachadh Iomairt nan Sgeulachd agus air molaidhean Co-labhairt Nàiseanta Aithris nan Sgeulachd ann an 2006.</p> <p>B' e am prìomh nì a chaidh a mholadh gun deigheadh Ionad Nàiseanta airson Aithris Sgeulachdan a chruthachadh mar shaideal de Ionad Aithris Sgeulachdan na h-Alba.</p> <p>Bidh an iomairt seo a' cur feum air ùine airson leasachadh is co-chomhairleachadh gus an dòigh-obrach as fheàrr a chomharrachadh. Dèiligidh plana gnothachais ris an t-seirbheis seo bho ìre dealbhachaidh gu làn bhuileachaidh thairis air trì bliadhna le measadh air a ghabhail a-steach ann bhon toiseach.</p>	<p>Meudachadh cleachdaidh is misneachd ann an Gàidhlig sna coimhearsnachdan</p> <p>Meudachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig ann am foghlam adhartach agus ann an àitean-obrach.</p>	Plana	BI1	BI2	BI3
<p>2.2 Dràma na Gàidhlig</p> <p>Tha an ro-innleachd seo a' moladh dòigh-obrachaidh cunbhalach airson dràma na Gàidhlig a leasachadh dòigh a tha ag ath-shuidheachadh agus a' togail air soirbheachadh suidheachadh Dràma na h-Alba (DNA)</p>	<p>Meudachadh ann an adhartachadh na Gàidhlig sna h-ealain.</p> <p>Meudachadh ann an</p>	Plana	Plana	BI1	BI2

<p>Mach a DNA g'erich sar thaigh-cluiche òigrìdh, taigh-cluiche ann am foghlam, taisbeanaidhean proifeiseanta cuairteil agus dràma coimhearsnachd agus taic obair TBh tro na 1990an. Tha na taobhan sin de dhràma Gàidhlig co-cheangailte agus bu chòir an leasachadh ann an dòigh a tha air a cho-òrdanachadh gu ro-innleachdail. Lìbhrigeadh seo an luach as fheàrr a thaobh goireasan daonna is ionmhasail agus fosglaidh e a-mach cothroman ùra cruthachail.</p> <p>Tha na prìomh eileamaidean ris am feumar dèiligeadh ann an leasachadh dràma a' gabhail a-steach:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Taic leantainneach is nas cinntiche a thaobh na solarachd a th' ann • Togail maoinachadh agus a' tabhann comhairle <ul style="list-style-type: none"> Co-òrdanaiche com-pàirteachais a chur an dreuchd airson feumalachdan ro-innleachdail roinn an dràma a thoirt air adhart, a' gabhail a-steach: <ul style="list-style-type: none"> (a) Tuilleadh leasachaidh den t-solarachd a th' ann (b) Prìomh Àiteachan mar Ionadan de Shàr-mhaitheas (c) Sgilean & Trèanadh (d) Sgrìobhadh is Clò-bhualadh (e) Buneagar Teicneolach (f) Reic & Margaideachd <p>Roinnean com-pàirteachais a dh'fhaodadh a bhith comasach:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Dràma Gàidhlig aig fèisean farpaiseach ionadail • Dràma Gàidhlig aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail • Fèisean dràma ann an sgoiltean • Meanbh-Chuileag • Out of Eden 	<p>cunntasan Gàidhlig ann an roinnean turasachd, dualchais is cur-seachad.</p> <p>Meudachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig ann am foghlam adhartach agus ann an àitean-obrach.</p>				
---	--	--	--	--	--

<ul style="list-style-type: none"> • Sgoil Shamhraidh Dràma • Acadamaidh Fèise • Buidheann a thèid an àite Tosg • A' barantachadh sgrìobhadh dealbhan-cluiche ùra • Maoineachadh dha Ionadan Ealain airson Dràma na Gàidhlig adhartachadh • Tasglann de Dhealbhan-cluiche Gàidhlig • Co-òrdanaiche Com-pàirteachais 					
<p>2.3 Ceòl na Gàidhlig</p> <p>A bhith a' togail air soirbheachadh mòr gluasad nam Fèisean le bhith a' tàladh tàlant ùr agus a' tabhann àradh chothroman dha luchd-ciùil òga. A' togail air na h-àrd-ùrlaran a tha am Mòd Nàiseanta Rìoghail agus na fèisean ciùil ùr Gàidhlig a' tabhann airson tàlant fhoillseachadh agus mothachadh poblach mun Ghàidhlig àrdachadh.</p> <p>A' rannsachadh dòighean ùra airson leasachadh malairteach agus adhartachadh ceòl na Gàidhlig le bhith a' togail cheanglaichean ùra le gnìomhachas eadar-nàiseanta a' chiùil. Ag àrach sgrìobhadh òrain ùra, ùr-ghnàthachadh ciùil agus leasachadh àrd-ìreil dha luchd-ciùil Gàidhlig mar a th' air a mholadh ann an Aithisg lùl Ciùil.</p>	<p>Meudachadh ann an adhartachadh Gàidhlig sna h-ealain.</p> <p>Meudachadh ann an cunntasan Gàidhlig ann an roinnean turasachd, dualchais is cur-seachad.</p> <p>Meudachadh ann an làthaireachd na Gàidhlig sna meadhanan foillseachaidh, craolaidh agus eadar-lìn.</p>	BI 1	BI 2	BI 3	BI 4
<p>2.4 Na h-Ealain Ghàidhlig agus Craoladh</p>	<p>Meudachadh ann an cleachdadh is</p>	Plana	BI 1	BI 2	BI 3

<p>Leasachadh a dhèanamh air co-obrachadh ro-innleachdail is ri na meadhanan co-cheangailte ris an t-Seirbheis ùr Dhidseataich Gàidhlig agus ri roinn nam meadhanan.</p> <p>Togail air a' cho-obrachadh soirbheachail a bh'aig na h-ealain is na meadhanan le bhith a' leasachadh cheanglaichean ùra ann an roinnean co-ùidheil. Bithear airson luchd-amais nan ealan Gàidhlig a leudachadh agus toradh nam meadhanan Gàidhlig àrdachadh tro leasachadh tàlant agus prìomh shàr thaisbeanaidhean. Tha roinnean com-pàirteachais a dh'fhaodadh a bhith comasach a' gabhail a-steach:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Leasachadh tàlant is trèanadh sna h-ealain is sna meadhanan • Leasachadh susbaint agus co-thaisbeanaidhean • Iomairtean airson leasachadh luchd-amais • Leasachadh inntleachdail seilbhe • Reic DVD agus leasachadh ann am bathar leasachail • Rannsachadh nuadh-mheadhanan is leasachadh susbaint 	<p>misneachd sa Ghàidhlig ann an coimhearsnachdan.</p> <p>Meudachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig ann am foghlam adhartach agus ann an àitean-obrach.</p> <p>Meudachadh ann an làthaireachd na Gàidhlig sna meadhanan foillseachaidh, craolaidh agus eadar-lìn.</p>				
<p>2.5 Na h-Ealain Ghàidhlig is Iomairt nan Nuadh Mheadhanan</p> <p>Bhith a' fosgladh a-mach cruthan ùra eòlas ealain agus Gàidhlig tro theicneòlasan nan nuadh mheadhanan mar an eadar-lìon, <i>pod-casting</i>, agus suidheachadh saideil cruinne.</p> <p>Thèid susbaint ùr Ghàidhlig a chruthachadh dha àrd-ùrlaran nan nuadh mheadhanan agus bithear ag amas air ùr-ghnàthachadh is cleachdadh cruthachail na Gàidhlig a bhrosnachadh ann an</p>	<p>Meudachadh ann an cunntasan Gàidhlig ann an roinnean turasachd, dualchais is cur-seachad.</p> <p>Meudachadh ann an cleachdadh is</p>	Plana	BI 1	BI 2	BI 3

<p>conaltradh cultarach nan nuadh mheadhanan, eadar-obrachadh sòisealta, malairt-d agus ann am mìneachadh àrainneachd nàdarra is chultarach. Tha com-pàirtichean a dh'fhaodadh a bhith comasach a' gabhail a-steach Obairlann Astair HIE, Research Hebrides, UHI agus roinnean dualchais is foghlaim.</p> <p>Bidh seo a' feumachadh ùine rannsachaidh is leasachaidh airson com-pàirtichean is cothroman agus dòighean libhrigidh freagarrach a chomharrachadh.</p>	<p>misneachd sa Ghàidhlig ann an coimhearsnachdan.</p> <p>Meudachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig ann am foghlam adhartach agus ann an àitean-obrach.</p>				
<p>2.6 LEASACHADH LUCHD-AMAIS</p> <p>Dealbhachadh, leasachadh is buileachadh Ro-innleachd Leasachaidh airson Luchd-amais nan Ealan Gàidhlig a bhios a' togail air an stèidh sheasmhach a tha Oifigear Leasachaidh Luchd-amais GASD air a shuidheachadh bho 2006.</p> <p>Tha tòrr a bharrachd mothachaidh ann mu na buannachdan a tha co-cheangailte ri leasachadh luchd-amais ann an roinn nan ealan Gàidhlig agus iarrtas airson an raon-obrach seo a leudachadh ann an suidheachaidhean dùthchail is bailteach. Bu chòir Buidheann Leasachaidh Luchd-amais a stèidheachadh airson sùil a chumail air an leudachadh seo agus sgioba bheag de chleachdaichean luchd-amais àrach is a thrèanadh fo stiùir Oifigear GASD. Tha baile Ghlaschu air dealas cudromach fhoillseachadh a thaobh leasachadh luchd-amais agus bhiodh seo na stèidh fhreagarrach airson dreuchd ùr a chur air chois.</p>	<p>Meudachadh ann an adhartachadh na Gàidhlig sna h-ealain.</p> <p>Meudachadh ann an cunntasan Gàidhlig ann an roinnean turasachd, dualchais is cur-seachad.</p>	Plana	BI 1	BI 2	BI 3

<p>Bheir an iomairt seo cuideachd taic dha Stòr-dàta nan Ealan Gàidhlig Eadar-nàiseanta.</p>					
<p>2.7 FÒRAM PRÒGRAM MAOINEACHAIDH LEASACHADH RO-INNLEACHDAIL NAN EALAN GÀIDHLIG (GASD)</p> <p>Thug Prògram 2005-08 GASD SAC agus BNG còmhla airson maoin tasgaidh luach £400,000 dha na h-ealain Ghàidhlig a chruthachadh. Chaidh seo a stiùireadh is a libhrigeadh le PNE às leth Fòram GASD. Tha am measadh neo-eisimeileach a ghabh SCE os làimh a' daingneachadh buannachdan farsaing a' phrògram seo agus luach na gnìomhachd seo.</p> <p>Tha aig Fòram GASD fhathast ri thighinn gu co-dhùnadh mu bhith a' tagradh airson na dara ìre ann an 2009-12.</p>	<p>Meudachadh ann an cunntasan Gàidhlig ann an roinnean turasachd, dualchais is cur-seachad.</p> <p>Meudachadh ann am misneachd sa Ghàidhlig ann an coimhearsnachdan.</p> <p>Meudachadh ann an adhartachadh na Gàidhlig sna h-ealain.</p>	Plana	Plana	BI 1	BI 2
<p>Roinn Gnìomha 3: Inbhe Cànan</p>					
<p>3.1 Toradh is Adhartachadh nan Ealan Gàidhlig</p> <p>Iomairt Toraidh nan Ealan Gàidhlig a chruthachadh a bharantaicheas is/no a ghineas obair adhartach ealain de shàr chàileachd agus tachartasan sònraichte.</p> <p>Bidh obair de shàr chàileachd a' tàladh cunntasan is cliù</p>	<p>Meudachadh ann an cuntas is cliù na Gàidhlig ann an Alba.</p> <p>Meudachadh ann am follaiseachd is aithne na</p>	Plana	BI 1	BI 2	BI 3

<p>chudromach agus dh'fhaodadh e a bhith na phrìomh bhrosnachadh airson gluasad adhartach adhbhrachadh. Togaidh an iomairt seo air soirbheachadh An Leabhair Mhòir agus Opara Hiort agus thèid na leasan a chaidh ionnsachadh a chur an sàs ann an co-obrachadh tar-mheadhanan, am margaideachd is an adhartachaidhean, comharrachadh, togail maoin, IPR agus obair eadar-nàiseanta. Obraichidh an iomairt thar chruthan-ealain agus thathas an dùil gun tèid mu aon thachartas sa bhliadhna a chruthachadh fhad 's a tha an ro-innleachd a' dol.</p> <p>Feumar ùine co-chomhairleachaidh is baralach gus an dòigh as freagarraiche a stèidheachadh airson seo a thoirt air adhart agus airson màileid nam pròiseactan a ghabhail os làimh. Bheir plana gnothachais a' bheachd seo air adhart bho dhealbhadh gu buileachadh thairis air trì bliadhna le measadh air fbighe a-steach ann bhon toiseach.</p>	<p>Gàidhlig ann an Alba.</p>				
<p>3.2 Ealain Ghàidhlig Coimhearsnachd</p> <p>Stòr Ghoireasan Ealain Ghàidhlig Coimhearsnachd, a chruthachadh, a tha a' toirt seirbheis taice dha luchd-obrach coimhearsnachd ann an suidheachaidhean coimhearsnachd Ghàidhlig.</p> <p>'S e a phrìomh dhleastanas a bhith ag àrdachadh na taice a tha ri fhaighinn ann an àireamh nas motha de choimhearsnachdan Gàidhlig. Thèid seo a dhèanamh le bhith a' meudachadh mothachadh Gàidhlig ùghdarrasan ionadail, bhuidhnean, luchd-obrach choimhearsnachdan agus le bhith a' cuideachadh ùghdarrasan ionadail is buidhnean poblach eile ann am</p>	<p>Meudachadh ann an àireamh bhuidhnean le Planaichean Gàidhlig.</p> <p>Meudachadh ann an cunntas is cliù na Gàidhlig ann an Alba.</p> <p>Meudachadh ann am follaiseachd is an aithne na Gàidhlig ann an Alba.</p>	<p>Plana</p>	<p>Plana</p>	<p>BI 1</p>	<p>BI 2</p>

<p>buileachadh am planaichean Gàidhlig. Bheir an iomairt seo brosnachadh dha gnìomhachadh meudaichte ealain is cultair le bhith a' furastachadh cothrom air goireasan Gàidhlig is solaraichean seirbheisean taice.</p> <p>Bidh a phrìomh ghnìomhan a' gabhail a-steach...</p> <ul style="list-style-type: none"> • Cùrsaichean ann an leasachadh leantainneach proifeiseanta airson sgilean is tuigse mu ealain dhealanta leasachadh na Gàidhlig àrdachadh • Stiùireadh mun Ghàidhlig is seirbheisean taice is buidhnean nan ealan • Goireasan oideachaidh airson cuspairean Gàidhlig is cuspairean co-cheangailte ri na h-ealain • Stèidheachadh is stiùireadh inntrigeadh/stòr-dàta/eadar-lìn le fiosrachadh mu na h-ealain Ghàidhlig is mu bhuidhnean Gàidhlig <p>Airson coinneachadh ri feumalachdan choimhearsnachdan tha e riatanach gun tèid an iomairt seo a leasachadh ann an dlùth dhàimh ri luchd-obrach coimhearsnachdan Gàidhlig is ùghdarrasan ionadail ris an tèid co-chomhairleachadh a dhèanamh mun dòigh-obrach as freagarraiche. Dèiligidh plana-gnothachais ris an t-seirbheis seo bho dhealbhadh gu buileachadh thairis air trì bliadhna le measadh air fhighe a-steach ann bhon toiseach.</p>					
---	--	--	--	--	--

<p>3.3 Riochdachadh na Gàidhlig</p> <p>Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus cùis na h-Inbhe a' togail cheistean cudromach mu àite na Gàidhlig sa bhuidhinn ùir, Alba Chruthachail. Am bi riochdachadh Gàidhlig air Bòrd na buidhne ùir, ciamar a thèid a' Ghàidhlig a chur an cèill na ionannachd chorporra agus dè na bhios iad a' sùileachadh a thaobh na Gàidhlig bho na buidhnean dhan toir iad maoinachadh?</p> <p>Tha ceistean den aon seòrsa a' nochdadh co-cheangailte ri institiùdan ealain is cultarail nàiseanta na h-Alba leithid Opara na h-Alba is an cuid phrògraman.</p> <p>Tha na cùisean sin buntainneach dha Bile a' Chultair a tha ri thighinn.</p>	<p>Meudachadh ann an àireamh bhuidhnean le Planaichean Gàidhlig</p> <p>Meudachadh ann an cunntas is cliù na Gàidhlig ann an Alba.</p> <p>Meudachadh ann am follaiseachd is an aithne na Gàidhlig ann an Alba.</p>	Yr 1	Yr 2	Yr 3	Yr 4
<p>Roinn Gnìomha 4: Meudachd Cànan</p>					
<p>4.1 Clò-bhualadh</p> <p>Tha na prìomh eileamaidean ris am feumar dèiligeadh ann an leasachadh a' chlà-bhualaidhmar a leanas:</p> <ul style="list-style-type: none"> Bu chòir ath-chruthachadh a dhèanamh air an structair a tha a' dèiligeadh ri clò-bhualadh na Gàidhlig ann an Alba agus a thoirt ann an loidhne ri riataasan gnàthaichte. Tha feum air taghadh fada nas fharsainge de leabhraichean Gàidhlig, bho chuspairean romansach, lorg-phoileasach, ficsean-saidheans, eachdraidh is 	<p>Meudachadh sa mhothachadh a thathas a' toirt dha buntainneachd is cunbhalachd na Gàidhlig</p> <p>Meudachadh sa mhothachadh a thathas a' toirt dha càileachd is</p>	Plana	PLAN A	BI 1	BI 2

<p>leabhraichean fiosrachaidh, gus am faigh leughadairean Gàidhlig air raon leabhraichean de gach seòrsa a mhealtainn.</p> <ul style="list-style-type: none"> • Tha feum air ionad sgaoilidh sònraichte agus ro-innleachd mhargaideachd sònraichte. • Tha feum air prògram trèanaidh mar thaic dha sgrìobhadairean, foillsichearan, eadar-theangairean, dealbhadairean is luchd-deasachaidh. • Tha feum air Ionad nàiseanta airson seirbheisean proifeiseanta mar eadar-theangachadh, deasachadh, fo-thiotaladh agus taic is comhairle choitcheann. <p>Tha feum air structair èifeachdach airson feumalachdan sgrìobhte na Gàidhlig, a thabhainneas slighe dhreuchdail eagraichte agus cosnadh san roinn seo.</p>	<p>ruigsinneachd eadar-theangachaidh Gàidhlig</p> <p>Meudachadh ann an cothrom air fiosrachadh neo-mhearachdail rannsachaidh</p>				
--	--	--	--	--	--

Ro-innleachd Nàiseanta Ealain na Gàidhlig_2008-12 - Iomraidhean

Bòrd Na Gàidhlig Comhairle Ealain na h-Alba Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean	Plana Nàiseanta na Gàidhlig (2006) Ro-innleachd nan Ealan Gàidhlig (2004) Strengthening Communities
Comhairle nan Eilean Siar Comhairle na Gàidhealtachd An Lòchran & Baile Ghlaschu	Plana Cultarach nan Eilean Siar (2006) Plana Gàidhlig Ro-innleachd nan Ealan Gàidhlig (2006)
Fòram GASD (2005-07) Pròiseact nan Ealan (2006-08) Fèisean nan Gàidheal	Prògram Leasachaidh nan Ealan Gàidhlig Plana Leasachaidh nan Ealan Gàidhlig Aithisg Bhliadhnail (2006)
Oilthigh Chaledonia Ghlaschu An t-Oll. Anne Latharna NicIllloosa dha PNE SCE dha PNE	Sgrùdadh nan Ealan Gàidhlig air WI agus S&L (2006) Aithisg Co-labhairt Ceòl na Gàidhlig (2006) Gnìomhachas Ceòl na Gàidhlig & Gnìomhachas Ceòl na h-Alba (2000)
Riaghaltas na h-Alba Riaghaltas na h-Alba	Ro-innleachd Eaconamach (2007) Bile Alba Chruthachail 2008